

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Èisteachd)

Grand Total

X229/10/01

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2014

DIMAIRT, 20 AN CÈITEAN
10.00 AM – 10.30 AM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 1
Roinn A: Èisteachd
(Ceistean)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2014

TUESDAY, 20 MAY
10.00 AM – 10.30 AM

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 1
Section A: Listening

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Tha 25 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agad aig an toiseach airson na ceistean gu lèir a leughadh.

Tha mionaid agad aig toiseach gach pàirt den earrainn airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ri earrann a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut. Tha an earrann na dà phàirt.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson Pàirt 1.

Cluinnidh tu Pàirt 1 dà thuras le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Leugh na ceistean airson Pàirt 2.

Cluinnidh tu Pàirt 2 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 30 mionaidean

CEISTEAN

Pàirt 1

1. Dè thuig Catriona nuair a dh'fhàg i an obair aice?

2

2. Cò às a bha Catriona?

1

3. (a) Carson a thàinig i don eilean sa chiad àite?

Airson eòlas a chur air àite eadar-dhealaichte	
Bho nach robh obair an àite sam bith eile	
Bha càirdean aice ann	

1

- (b) Ainmich dà rud a sheallas gun do chòrd an t-àite rithe.

2

4. Carson a bha Catriona ag iarraidh fàgail aig an àm sin?

2

5. Càit an do choimhead i airson fiosrachadh mu bhuidhnean carthannais?

1

6. Dè bhiodh a' cur dragh oirre mu Afraga?

2

7. Càit a bheil Romàinia?

2

(13)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

Pàirt 2

1. Carson a bha Romàinia gu bhith freagarrach do Chatrìona?

Bha i air leughadh mu dheidhinn	
Bha e furasta siubhal ann	
Bha caraid aice a' fuireach ann	

1

2. Dè cho fad 's a bha i airson fuireach ann an toiseach?

Seachdain	
Mios	
Trì mìosan	

1

3. Dè bha i airson a dhèanamh fhad 's a bha i ann?

2

4. Carson a bha an t-eagal oirre nach biodh daoine ga tuigsinn?

1

5. Dè seòrsa taic a fhuair a' chlann anns an ionad?

2

6. Ciamar a chaidh a sùilean fhosgladh air a' chiad latha?

1

7. Seall mar a bha aodach na cloinne mì-fhreagarrach anns an t-sneachda.

2

8. Dè rinn Catrìona mus do dh'fhàg i Romàinia aig àm na Nollaig?

1

9. Dè bha mar phreusant Nollaig do Chatrìona?

1

(12)

[25]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

X229/10/11

TEISTEANAIS DIMAIRT, 20 AN CÈITEAN
NÀISEANTA 10.00 AM – 10.30 AM
2014

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 1
Roinn A: Èisteachd
(Earrann)

NATIONAL TUESDAY, 20 MAY
QUALIFICATIONS 10.00 AM – 10.30 AM
2014

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 1
Section A: Listening Transcript

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2 minutes)

EARRANN

Tha sibh dol a chluinntinn beagan mu rudan a thachair ann am beatha Catriona NicArtair.

Pàirt 1

Nuair a dh'fhàg Catriona NicArtair a dreuchd mar thidsear àrd-sgoile an-uiridh, thuig i gum feumadh i rudeigin eile a dhèanamh airson na làithean aice a lionadh. Rugadh agus thogadh Catriona ann an Dùn Èideann. Thàinig i mar thidsear òg don eilean airson bliadhna no dhà a chur seachad ann an àite a bha gu tur eadar-dhealaichte bhon àite anns an deach i fhèin a thogail. Ach chòrd an t-àite cho math rithe 's gun do thog i taigh ùr air an eilean agus dh'fhuirich i trithead bliadhna san aon obair. Ged a bha i toilichte san obair, bha i fhèin den bheachd gun robh i airson fàgail mus fàsadh i searbh den obair agus mus biodh i ro shean airson rud sam bith eile a dhèanamh.

Thuig Catriona gun robh saoghal mòr a' feitheamh oirre agus bho nach robh dad a-nise ga cumail ann an Alba, gun còrdadh e rithe rudeigin a dhèanamh le clann bhochd thall thairis.

Choimhead i air an eadar-lìon agus chuir i air falbh airson fiosrachadh mu dhiofar bhuidhnean carthannais a bha a' dèiligeadh ri clann. Mar a bhiodh dùil, bha tòrr bhuidhnean ann an Afraga ach bha Catriona fhèin den bheachd gum biodh e doirbh dhi a dhol an sin airson diofar adhbharan. Bhiodh an t-side theth agus na beathaichean fiadhaich a' cur dragh oirre. Mu dheireadh thall, thagh i Romàinia, dùthaich bhochd air taobh sear na Roinn Eòrpa.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 1 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt 1

Nuair a dh'fhàg Catriona NicArtair a dreuchd mar thidsear àrd-sgoile an-uiridh, thuig i gum feumadh i rudeigin eile a dhèanamh airson na làithean aice a lionadh. Rugadh agus thogadh Catriona ann an Dùn Èideann. Thàinig i mar thidsear òg don eilean airson bliadhna no dhà a chur seachad ann an àite a bha gu tur eadar-dhealaichte bhon àite anns an deach i fhèin a thogail. Ach chòrd an t-àite cho math rithe 's gun do thog i taigh ùr air an eilean agus dh'fhuirich i trithead bliadhna san aon obair. Ged a bha i toilichte san obair, bha i fhèin den bheachd gun robh i airson fàgail mus fàsadh i searbh den obair agus mus biodh i ro shean airson rud sam bith eile a dhèanamh.

Thuig Catriona gun robh saoghal mòr a' feitheamh oirre agus bho nach robh dad a-nise ga cumail ann an Alba, gun còrdadh e rithe rudeigin a dhèanamh le clann bhochd thall thairis.

Chòimhead i air an eadar-lìon agus chuir i air falbh airson fiosrachadh mu dhiofar bhuidhnean carthannais a bha a' dèiligeadh ri clann. Mar a bhiodh dùil, bha tòrr bhuidhnean ann an Afraga ach bha Catriona fhèin den bheachd gum biodh e doirbh dhi a dhol an sin airson diofar adhbharan. Bhiodh an t-side theth agus na beathaichean fiadhaich a' cur dragh oirre. Mu dheireadh thall, thagh i Romàinia, dùthaich bhochd air taobh sear na Roinn Eòrpa.

CEISTEAN

1. Dè thuig Catriona nuair a dh'fhàg i an obair aice?

(30 seconds)

2. Cò às a bha Catriona?

(30 seconds)

3. (a) Carson a thàinig i don eilean sa chiad àite?

Airson eòlas a chur air àite eadar-dhealaichte, no

Bho nach robh obair an àite sam bith eile, no

Bha càirdean aice ann.

(30 seconds)

- (b) Ainmich dà rud a sheallas gun do chòrd an t-àite rithe.

(30 seconds)

4. Carson a bha Catriona ag iarraidh fàgail aig an àm sin?

(30 seconds)

5. Càit an do chòimhead i airson fiosrachadh mu bhuidhnean carthannais?

(30 seconds)

6. Dè bhiodh a' cur dragh oirre mu Afraga?

(30 seconds)

7. Càit a bheil Romàinia?

(30 seconds)

Candidates have one minute at this point to read the questions for Pàirt 2.

[Tionndaidh an duilleag

(The passage below should be read in approximately 2 minutes)

Pàirt 2

Bha Catriona toilichte gun do thagh i Romàinia oir bha e furasta gu leòr faighinn ann. Chuir i air dòigh gum fuiricheadh i ann airson trì mìosan an toiseach. Bheireadh seo cothrom dhi cuideachadh le bochdainn sa bhaile anns an robh i ag obair agus blas fhaighinn den chultar. B' e an rud a bu mhotha a bha a' cur dragh oirre nach biodh duine ga tuigsinn oir cha robh aon fhacal den chànan aice.

Bha Catriona gu bhith ag obair ann an ionad a' toirt taic do chlann à dachaighean bochd le obair sgoile agus sgilean sòisealta. Chaidh a sùilean fhosgladh air a' chiad latha nuair a chunnaic i nach b' urrainn don chloinn fiù 's sgian agus forca a chleachdadh. Cuideachd, bha aodach na cloinne robach agus mì-fhreagarrach. Ged a bha sneachda air an talamh, cha robh stocainnean air an casan agus cha robh còta geamhraidh aig duine aca. Dh'fhàs Catriona gu math measail air muinntir a' bhaile agus mus do dh'fhàg i aig àm na Nollaig, thug i a' chlann uile don taigh-dhealbh far am faca iad film ainmeil sa chànan aca fhèin. Cheannaich i suiteas agus deoch don a h-uile duine aca. Thuirt i nach d' fhuair i preusant Nollaig riamh cho math ris an toileachas a chunnaic i air aodainn na cloinne.

Bha a' chlann anns a' bhaile bheag sin gu math fortanach nuair a thàinig Catriona NicArtair a thadhal orra, dìreach mar a bha clann an eilein nuair a thàinig i an toiseach mar thidsear.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 2 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt 2

Bha Catriona toilichte gun do thagh i Romàinia oir bha e furasta gu leòr faighinn ann. Chuir i air dòigh gum fuirich i ann airson trì mìosan an toiseach. Bheireadh seo cothrom dhi cuideachadh le bochdainn sa bhaile anns an robh i ag obair agus blas fhaighinn den chultar. B' e an rud a bu mhotha a bha a' cur dragh oirre nach biodh duine ga tuigsinn oir cha robh aon fhacal den chànan aice.

Bha Catriona gu bhith ag obair ann an ionad a' toirt taic do chlann à dachaighean bochd le obair sgoile agus sgilean sòisealta. Chaidh a sùilean fhosgladh air a' chiad latha nuair a chunnaic i nach b' urrainn don chloinn fiù 's sgian agus forca a chleachdadh. Cuideachd, bha aodach na cloinne robach agus mì-fhreagarrach. Ged a bha sneachda air an talamh, cha robh stocainnean air an casan agus cha robh còta geamhraidh aig duine aca. Dh'fhàs Catriona gu math measail air muinntir a' bhaile agus mus do dh'fhàg i aig àm na Nollaig, thug i a' chlann uile don taigh-dhealbhadh far am faca iad film ainmeil sa chànan aca fhèin. Cheannaich i suiteas agus deoch don a h-uile duine aca. Thuir i nach d' fhuair i preusant Nollaig riamh cho math ris an toileachas a chunnaic i air aodainn na cloinne.

Bha a' chlann anns a' bhaile bheag sin gu math fortanach nuair a thàinig Catriona NicArtair a thadhal orra, dìreach mar a bha clann an eilein nuair a thàinig i an toiseach mar thidsear.

CEISTEAN

1. Carson a bha Romàinia gu bhith freagarrach do Chatriona?

Bha i air leughadh mu dheidhinn, no

Bha e furasta siubhal ann, no

Bha caraid aice a' fuireach ann.

(30 seconds)

2. Dè cho fad 's a bha i airson fuireach ann an toiseach?

Seachdain, no

Mios, no

Trì mìosan.

(30 seconds)

3. Dè bha i airson a dhèanamh fhad 's a bha i ann?

(30 seconds)

4. Carson a bha an t-eagal oirre nach biodh daoine ga tuigsinn?

(30 seconds)

5. Dè seòrsa taic a fhuair a' chlann anns an ionad?

(30 seconds)

6. Ciamar a chaidh a sùilean fhosgladh air a' chiad latha?

(30 seconds)

7. Seall mar a bha aodach na cloinne mì-fhreagarrach anns an t-sneachda.

(30 seconds)

8. Dè rinn Catriona mus do dh'fhàg i Romàinia aig àm na Nollaig?

(30 seconds)

9. Dè bha mar phreusant Nollaig do Chatriona?

(30 seconds)

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Leughadh)

--

X229/10/02

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2014

DIMAIRT, 20 AN CÈITEAN
10.50 AM – 12.10 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 1
Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2014

TUESDAY, 20 MAY
10.50 AM – 12.10 PM

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 1
Section B(i): Reading
Section B(ii): Writing

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha 50 comharradh anns a' pàipear seo.

Earrann B(i) Leughadh—Fiosrachadh

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu na beàrnan uile.)

Earrann B(ii) Sgrìobhadh

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



EARRANN

A' BHANA-BHUIDSEACH

“Cuiridh mi don leabaidh thu,” thuirt a’ chailleach air a socair ri Tormod.

Thug i suas an staidhre e do rùm far an robh doilichean, is duslach is sgàthanan briste. Chuir i e na laighe air an leabaidh agus thòisich i a’ coiseachd às an rùm. “Chì mi thu a-màireach aig àm dinneir,” thuirt i ’s i a’ dèanamh gàire beag rithe fhèin. Ghlas i an doras nuair a chaidh i mach airson gach rud a chumail sàbhailte.

Bha e gu math dorch anns an rùm nuair a thuit Tormod na chadal, ach an dèidh greis dh’èirich a’ ghealach ’s rinn i an rùm na bu shoilleire. Am meadhan na h-oidhche nuair a bha Tormod na throm chadal, chuala e fuaim mar gum biodh seòrsa de cheòl. Dhùisg e ach cha robh fhios aige càit’ an robh e. ’S e ceòl aotrom, aighearach a bh’ ann mar a chluinnear aig dannsa. Sheall e mun cuairt agus dè chunnaic e ach tè de na doilichean a’ dannsa leatha fhèin air an làr. Shuath Tormod a shùilean, leum e às an leabaidh is chaidh e a-null far an robh i.

Stad an doile agus thuirt i, “A bheil fhios agad gu bheil thu ann an taigh bana-bhuidsich?”

“Bana-bhuidseach?” arsa Tormod. “Dè tha sin?”

“Tha, boireannach olc,” ars an doile. “Marbhaidh i thu mura teich thu. Ghlas i mise ann an seo bho chionn bhliadhnaichean is rinn i prìosanach dhìom, ach tha mi airson thusa a shàbhaladh.”

Bha eagal a-nis air Tormod. Bha e air chrith agus chaidh a cheann na bhrochan. Chaidh e a-null chun na h-uirneig is chunnaic e an talamh pìos math fodha.

“Innsidh mi dhut dè nì thu,” thuirt an doile. “Ceangail aodach na leapa ri chèile, is dèan ròpa dheth, is sreap sìos chun na talmhainn. Thèid mise còmhla riut.”

Lean an doile Tormod sìos an ròpa, ’s a dreasa bheag uaine a’ deàlradh ann an solas na gealaich. Bha iad dìreach a’ dol a ruith air falbh nuair a thàinig solais air anns an taigh. Bha a’ chailleach air dùsgadh agus bha i a’ tighinn às an dèidh ann an cabhaig.

Chùm Tormod is an doile orra a’ ruith tron choille airson teicheadh on bhana-bhuidsich a bha gan leantainn. Bha e doirbh dhaibh faicinn oir chan fhaigheadh solas na gealaich tro na craobhan. Gu h-obann, thuit Tormod thairis air geug bhriste. Bha e an-sin na laighe air an làr agus a’ chailleach a’ tighinn na b’ fhaisge agus na b’ fhaisge.

CEISTEAN

1. Ciamar a bhruidhinn a' chailleach ri Tormod aig toiseach na h-earrainne?

Gu fiadhaich	
Gu fuaimneach	
Gu sàmhach	

1

2. Ainmich na rudan a bha anns an rùm shuas an staidhre.

3

3. Dè rinn a' chailleach airson gnothaichean a chumail sàbhailte anns an rùm?

1

4. Dè thug air an rùm fàs na bu shoilleire?

1

5. Dè am facal aig a bheil an aon chiall ri **aighearach** ann an “. . . ceòl aotrom aighearach . . .”?

Toilichte	
Tùrsach	
Slaodach	

1

6. Innis dè dhùisg Tormod.

2

7. Dè chunnaic e nuair a bha e air dùsgadh?

2

8. Saoil carson a **leum** Tormod às an leabaidh?

2

9. Dè rinn a' chailleach air an doile bliadhnaichean air ais?

2

10. (a) Saoil carson a bha an t-eagal air Tormod?

2

(b) Ciamar a tha fios againn gun robh eagal uabhasach air Tormod?

2

11. Dè mhol an doile do Thormod a dhèanamh?

3

12. Carson a bha e doirbh dhaibh faicinn anns a' choille?

2

13. Dè thachair do Thormod aig deireadh na h-earrainne air sgàth 's gun robh an oidhche cho dorch?

1
(25)

[CRÌOCH ROINN B(i)-LEUGHADH]

[Tionndaidh an duilleag

Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Ùine: 40 mionaid(moladh)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

- | | |
|---|------|
| 1. Làithean saora an t-samhraidh. | (25) |
| 2. Droch latha. | (25) |
| 3. Duine ainmeil a bu toil leam a choinneachadh. | (25) |
| 4. Tha cus spòrs air an telebhisean. Dè do bheachd? | (25) |
| 5. Mo chur-seachad. | (25) |
| 6. An ceòl as fheàrr leam. | (25) |
| 7. An co-là breith. | (25) |
| 8. Caraidean. | (25) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]